

# **COMHAIRLE LANNRAIG A TUATH PLANA GÀIDHLIG 2016-2021**

Tha am plana seo air a bhith air ullachadh fo Earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air –an t-Ògmhios 2016.

# FACAL TOISICH

Tha Comhairle Lannraig a Tuath ag aithneachadh gu bheil Gàidhlig na pàirt deatamach de dhualchas agus aithne nàiseanta na h-Alba. Tha solarachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig fìor mhath nar sgoiltean agus tha ar dealas dhan Ghàidhlig air a bhith air a dhaingneachadh agus air a leudachadh. Tha a' chomhairle a' cur làn thaic ris na miannan ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus na h-amasan aig a' phlana nàiseanta Gàidhlig a tha na chois. Tha dealas againn ar cuid fhèin a dhèanamh gus inbhe na Gàidhlig a dhìon agus Gàidhlig a chumail mar chànan bheò ann an Alba agus mar phàirt eadar-dhealaichte de dhualchas chultarail ar dùthcha.

Tha am Plana againn a' mìneachadh nan gnìomhan a nì sinn gus Gàidhlig a bhrosnachadh agus a chleachdadh thairis air an ath chòig bliadhna ann an solair ar seirbheisean. Seallaidh na seirbheisean agus na goireasan Gàidhlig againn ionannachd urraim eadar Gàidhlig agus Beurla. Leanaidh sinn air obrachadh le buidhnean cleachdaidh taobh a-staigh na Comhairle, le buidhnean nàiseanta iomchaidh agus coimhearsnachd Lannraig a Tuath anns an fharsaingeachd. Obraichidh sinn cuideachd le Ùghdarrasan Poblach anns an sgìre agus nas fhaide air falbh a tha air a bhith ag obair gus Plana Gàidhlig a chruthachadh.

Tha mi làn misneachd gun cùm an dàrna Plana Gàidhlig againn air cur gu mòr ri obair a' Bhùird ann an ath-bheòthachadh ar cànan nàiseanta.

# Clàr-gnothaich

## Geàrr-chunntas

### Caibideil 1

#### Ro-ràdh

- Comhairle Lannraig a Tuath
- Gàidhlig ann an raon gnìomh an ùghdarrais
- Gabhail ri ar Plana Gàidhlig

### Caibideil 2

#### Prìomh dhealasan

- Dearbh-aithne
- Conaltradh
- Foillseachaidhean
- Luchd-obrach

### Caibideil 3

#### Buaidh Poileasaidh dhan Ghàidhlig: a' cur Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig an gnìomh

- Togail Cànain
- Cleachdadh Cànain
- Inbhe Cànain
- Corpas Cànain

### Caibideil 4

#### Cur an gnìomh agus Sgrùdadh

### Cuir Fios

## Geàrr-chunntas

Tha Comhairle Lannraig a Tuath ag aithneachadh gu bheil Gàidhlig na pàirt dheatamach de dhualchas, aithne nàiseanta agus de bheatha chultarail na h-Alba. Tha dealas aig Comhairle Lannraig a Tuath dha na h-amasan a tha air an cur an cèill ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus tha iad air na stuctaran a tha a dhìth a chur an sàs gus dèanamh cinnteach gum bi seasmhachd aig Gàidhlig anns an àm ri teachd.

Tha Comhairle Lannraig a Tuath ag aithneachadh gu bheil suidheachadh na Gàidhlig air leth cugallach agus ma tha Gàidhlig a' dol a bhith air a h-ath-bheòthachadh mar chànan bheò ann an Alba, gu bheil feum air oidhirp mhòr bhon riaghaltas, bho roinnean poblach agus prìobhaideach, bho bhuidhnean coimhearsnachd agus bho luchd-labhairt fa-leth gus:

- *inbhe na Gàidhlig àrdachadh;*
- *togail agus ionnsachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh;*
- *barrachd cleachdaidh na Gàidhlig a bhrosnachadh.*

'S e Plana Gàidhlig Comhairle Lannraig a Tuath a tha anns a sgrìobhainn seo a chaidh ullachadh taobh a-staigh frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' mìneachadh mar a chleachdas sinn Gàidhlig ann an cur an sàs ar gnìomhan, mar a nì sinn comasach cleachdadh na Gàidhlig nuair a tha sinn a' conaltradh ris a' mhòr-shluagh agus le prìomh chompàirtich, agus mar a bhrosnaicheas agus a leasaicheas sinn Gàidhlig

Tha Plana Gàidhlig Comhairle Lannraig a Tuath air a bhith air ullachadh a rèir modhan-obrach reachdail a tha air am mìneachadh ann an Achd 2005, le beachd ri *Plana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig* agus *Stiùireadh air Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig*.

## **Structar Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig**

'S iad na prìomh phàirtean nar Plana Gàidhlig:

### ***Caibideil 1 – Ro-ràdh***

Tha a' chaibideil seo a' toirt fiosrachadh agus co-theacsa air ullachadh Phlanaichean Gàidhlig fo Achd 2005 agus an structar ann am prìomh raointean gnìomh Lannraig a Tuath. Tha e cuideachd a' toirt geàrr-chunntas air fiosrachadh sluaigh luchd-labhairt na Gàidhlig.

### ***Caibideil 2 – Prìomh Dhealasan***

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh mar a chleachdas agus mar a nì Comhairle Lannraig a Tuath e comasach Gàidhlig a chleachdadh a rèir nam prìomh ghnìomhan obrach againn. Tha e a' gabhail a-steach nam prìomh raointean gnìomh leithid dearbh-aithne corporra, soidhnichean, conaltradh ris a' mhòr-shluagh agus cleachdadh na Gàidhlig air an làrach-lìn againn. Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh nam bun-ìrean a thaobh solarachadh na Gàidhlig a tha sinn air cur romhainn ann am beatha a' Phlana.

### ***Caibideil 3 – Buaidh Poileasaidh dhan Ghàidhlig: a' cur Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig an gnìomh***

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh mar a chuidicheas Comhairle Lannraig a Tuath gus Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig a chur an gnìomh. Tha e cuideachd a' sealltainn mar a tha sinn am beachd cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh ann am planadh agus solarachadh seirbheis. Tha a' chaibideil seo cuideachd a' gabhail beachd air Gàidhlig agus air a' Phana Gàidhlig againn nuair a thathar a' dealbhadh poileasaidhean ùra agus a' beachdachadh air ro-innleachdan ùra.

### ***Caibideil 4 – Cur an gnìomh agus Sgrùdadh***

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh mar a bhios am Plana Gàidhlig againn air a thoirt air adhart, agus mar a bhios na dòighean anns am bi e air a chur an gnìomh agus na builean aige air an sgrùdadh.

# CAIBIDEIL 1 – RO-RÀDH

## **A' Suidheachadh Co-theacsa airson Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig**

### ***Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus sgaoileadh fios:***

Chaidh gabhail ri Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 le Pàrlamaid na h-Alba le amas gum biodh inbhe na Gàidhlig air a dhìon mar chànan oifigeil na h-Alba le co-ionannachd spèis ri Beurla.

'S e fear dhe na prìomh fheartan aig Achd 2005 gum bi comas aig Bòrd na Gàidhlig toirt air buidhnean poblach Planaichean Gàidhlig ullachadh. Chaidh an comas seo a dhealbhadh agus dèanamh cinnteach gum biodh an Roinn Phoblach ann an Alba a' cluich pàirt ann a bhith a' cruthachadh seasmhachd airson na Gàidhlig anns an àm ri teachd le bhith ag àrdachadh inbhe agus aithne na Gàidhlig agus le bhith a' cruthachadh chothroman phractaigeach airson a cleachdadh.

### ***Co-chomhairleachadh air dreach Plana Gàidhlig:***

Tha Achd 2005 ga chur mar fhiathachaibh air buidhnean poblach ullachadh a' Phlana Gàidhlig a thoirt am follais dhaibhsan air fad aig am biodh ùidh ann. Tha Comhairle Lannraig a Tuath air conaltradh poblach farsaing a dhèanamh air an dreach dhen Phlana Gàidhlig anns a' Chèitein/Ògmhios 2015 agus thathar air beachd a ghabhail air na chaidh a riochdachadh mar phàirt dhen phròiseas conaltraidh

### ***Gabhail ri Plana Gàidhlig Comhairle Lannraig a Tuath***

Bidh Plana Gàidhlig Comhairle Lannraig a Tuath air a chur gu Bòrd na Gàidhlig airson gabhail ris air an 19mh dhen Ògmhios 2015.

# Sealladh farsaing air gnìomhan Comhairle Lannraig a Tuath agus cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh ar raon obrach

## Lannraig a Tuath: a' chomhairle

Tha 70 ball air a chomhairle a tha air an taghadh bho 20 raon-taghadh iomadh-bhall. Tha ar structar co-dhùnaidh stèidhte air comataidhean seirbheis a tha air an ceangal ri structaran roinneil agus comataidh poileasaidh a tha a' faighinn taic bho bhuidhnean sgìreil agus measaidh. Bidh sinn a' cosg mu £900m gach bliadhna agus tha sinn a' toirt cosnadh do mu 14 000 luchd-obrach. A thaobh ghnìomhan, tha a' chomhairle air a roinn anns na seirbheisean a leanas:

- oifis an àrd-oifigear
- seirbheisean corporra
- seirbheis ionmhas agus luchd-cleachdaidh
- seirbheisean ionnsachaidh agus chur-seachadan
- seirbheisean thaigheadas agus obair-shòisealta
- seirbheisean ath-nuadhachaidh agus àrainneachdail

Tha ar sealladh agus ar beusan a' cur fòcas làidir air 'seirbheis agus daoine an toiseach', dealas gus na buannachdan as motha fhaighinn bhon t-suidheachadh againn gus beartas a chruthachadh, ceartas sòisealta a choileanadh agus gus feumalachdan ionadail a choileanadh le bhith a' tabhann luach as fheàrr agus sàr ìrean de sheirbheisean.

Tha am plana ro-innleachdail a tha an-dràsta aig Lannraig a Tuath air a thogail timcheall air na còig roinnean a leanas:

- slàinte agus sunnd
- àrraineachd
- ionnsachadh fad-beatha
- ath-nuadhachadh
- a' leasachadh na buidhne

Anns gach suidheachadh tha builean targaid air a bhith air an stèidheachadh. Tha aonta buil singilte na comhairle a' dèanamh cinnteach gum bi co-òrdanachadh le ar compàirtichean plànadh coimhearsnachd agus le còig amasan farsaing ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba.

## Lannraig a Tuath: an sgìre

Tha Lannraig a Tuath stèidhichte ann am meadhan na h-Alba agus 's i an ceathramh tè as motha dhen 32 comhairle uile-ghnìomh ann an Alba. Tha àireamh-sluaigh de chòrr air 320,000 ann agus sgìre talmhainn de 470 km ceàrnagach. Tha crìochan aice ri Dùn Bhreatainn an Ear, An Eaglais Bhric, Glaschu, Lannraig a Deas, Sruighlea agus Lodainn an Iar. 'S i an t-ùghdarras ionadail leis a' cheathramh àireamh-sluaigh as àirde. 'S e Comar nan Allt am baile as motha le còrr air 50,000 a' fuireach ann. 'S iad na bailtean eile as motha Àrd Rìgh, Drochaid a' Chòta, Tobar na Màthar, Camas Neachdain agus Cnoc a' Chluig. Tha còrr air cairteal an t-sluaigh a' fuireach ann am bailtean agus ann an clachain le nas lugha de 10,000 neach, mar eisimpleir Shotts agus Cill Saidhe. Tha sinn air ar stèidheachadh anns a' mheadhan aig loidhnichean rèile nàiseanta agus lìonraidhean mòr-rathad, 13 mìle bho Ghlaschu agus 36 mìl bho Dhùn Eideann.

A rèir nan comharradairean oifigeil 's e an sgìre an dàrna tè as bochda, gu sòisealta agus gu h-eaconamach, ann an Alba. Tha na gnìomhachasan traidiseanta an ìre mhath air a bhith air an atharrachadh airson bun-structair gnothachais ùr-ghnàthach agus le roinnean cosnaidh

ùra. Ach, tha iad seo air fulang gu mòr leis a' chrìonadh eaconamach bho 2009 agus air adhart bho sin agus tha an àireamh de dhaoine a tha gu neo-ghnìomhail gu h-eaconamach air èirigh gu mòr.

- Sgìreachd Ard Rìgh

Ann an 11<sup>mh</sup>-12<sup>mh</sup> linn bha a' chuid mhòr de Shiorrachd Lannraig a' bruidhinn Gàidhlig. 'S e freumhan Gàidhlig a tha aig mòran dhe na h-ainmean-àite, mar eisimpleir Comar nan Allt, Ard Rìgh, An Gleann Bog agus Allt a' Mhuilinn an aon fhianais a tha ann dhen eachdraidh seo. Chlàraich an cùntas-sluaigh ann an 2011 gun robh 2127 neach a' fuireach ann an sgìre na comhairle aig an robh comasan labhairt, leughaidh no sgrìobhaidh ann an Gàidhlig, nas lugha na 1% den t-sluaigh gu lèir. Ach, tha am Mòd Nàiseanta Rìoghail a chaidh a chumail ann an Àrd Rìgh ann an 1993 agus fosgladh an aonad foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann an Comar nan Allt air aithne choitcheann agus taic do leasachadh na Gàidhlig àrdachadh. B' e an aon chànan a bha ann an Gàidhlig na h-Alba agus na h-Eireann an ìre mhath agus mar sin tha ceanglaichean làidir air a bhith air an dèanamh eadar dualchas na h-Eireann agus leasachadh Gàidhlig an h-Alba anns an sgìre comhairle againn.

Tha a' Chomhairle air taic làidir a chur ri foghlam Gàidhlig bho thoiseach. Ann an 1997 dh'fhosgail i bunsgoil tro mheadhan na Gàidhlig agus lan foghlam Gàidhlig san àrd-sgoil an dèidh sin. Cuideachd, tha raon farsaing de ghnìomhan coimhearsnachd Gàidhlig air a bhith air an leasachadh. Tha na tha air a sholarachadh an-dràsta air a mhìneachadh gu h-ìseal.

- 2 chlas sgoil-àraich Gàidhlig ann am BS Chnoc na Cìse, Àrd Rìgh agus aig BS Chondorrait (27 sgoilear), Comar nan Allt.
  - Foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann am BS Chondorrait. Tha na h-àireamhan ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (159 sgoilear) a-nis nas motha na na h-àireamhan tro mheadhan na Beurla. Tha 50 sgoilearan aig an sgoil aig Tràth Irean, 65 aig a' Chiad Ìre agus 69 aig an Dàrna Ìre.
  - Foghlam ro mheadhan na Gàidhlig aig AS Greenfaulds. Tha seo a' gabhail a-steach 5 cuspairean cho math ri Gàidhlig mar chuspair. (Eachdraidh, Cruinn-eòlas, Eòlas-nuadh Saidheans agus Fraingis)  
Àireamhan ann an Gàidhlig mar chuspair *Gàidhlig san Lùnastal 2014*  
AS1 (14), AS2 (12), AS3 (17), AS4 (12), AS5 (6) and AS6 (7)  
Àireamhan ann an Gàidhlig (*Luchd-ionnsachaidh san Lùnastal 2014*)  
AS1 (3), AS2 (9) agus AS3 (1)
  - Program Gàidhlig ann am bunsgoiltean eile (sgeama GLPS). Tha 20 tidsear a-nis air an trèanadh airson am prògram a libhrigeadh.
  - Farsaingeachd mhòr de ghnìomhan Gàidhlig nar prògram leasachadh coimhearsnachd agus ionnsachaidh (LCI). Tha seo a' gabhail a-steach chlasaichean do dh'inbhich aig iomadach ìre, taic do phàrantan a tha a' cur an cuid chloinne gu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, buidhnean òigridh, cròileagan, tachartasan còmhnaidh theaghlaichean, Fèis bhliadhnail agus tachartasan ciùil agus spòrs.
  - Iomlaidean le Gàidhealtachd na h-Èireann agus sgìrean mion-chànanach eile anns an Roinn Eòrpa.
  - Compàirteachasan dlùth leis na prìomh bhuidhnean Gàidhlig gu lèir.
- **Cròileagan** gach Dimàirt & Diardaoin 9:30-11:30 ann an Ionad Coimhearsnachd Bhictòiria, Àrd Rìgh. Tha BBC ALBA air a bhith a' clàradh a' bhuidhinn seo agus tha iad a' beachdachadh air prògram aithriseach a dhèanamh mun bhuidheann bhon a tha e air a bhith a' ruith fad còig bliadhna fichead;
  - -**Fèis** tachartas samhraidh a tha air a cumail gach bliadhna ann an Comar nan Allt;
  - -**Cearcall** buidheann coimhearsnachd a bhios a' coinneachadh ann an Ionad Coimhearsnachd Ceann a' Bhaile air madainnean Disathairne. 'S e buidheann sòisealta agus spòrs a tha seo cho math ri bhith na chlas Gàidhlig;
  - - **Ulpan** Tha tachartasan tro mheadhan na Gàidhlig air an cumail dà thuras gach bliadhna ann an Ionad Coimhearsnachd Drochaid a' Chòta



- - **Buidheann còmhraidh Gàidhlig** a' cleachdadh iomadach goireas, geamaichean agus bhidiothan ann an Tobar na Màthar;
- - **Forum Gàidhlig Lannraig A Tuath**, tha e ag obair bho stèidh ann an Comar nan Allt. 'S e am buidheann le gnìomh Gàidhlig leis am bi sinn ag obrachadh gus Gàidhlig a leasachadh air feadh Lannraig a Tuath.

- Luchd-cleachdaidh fa-leth a' frithealadh - 14

- Pròisea
  - 11.772 (SQA Cànan Gàidhlig Ìre 3)
  - 14.664 (Gàidhlig SQA Ìre 3)
- Sgìreachd a
  - Luchd-cleachdaidh fa-leth a' frithealadh - 28
  - 11.269 (Gàidhlig Eadar-mheadhanach AM - SQA Eadar-mheadhanach 1)
- Pròisea
  - 12.945 (SQA Gàidhlig Ìre 3)
  - 14.461 (Gàidhlig Luchd-tòiseachaidh)
  - 14.462 (Gàidhlig Eadar-mheadhanach)
  - 14.822 (Gàidhlig Luchd-tòiseachaidh)
- Drochaid a'
  - Luchd-cleachdaidh fa-leth a' frithealadh - 13
  - 13.556 (Àrd Rìgh SQA Inntreacadh 3 Measaidhean Gàidhlig)
  - 13.558 (Comar nan Allt SQA Inntreacadh 3 Measaidhean Gàidhlig)
- Tobar na Màthar
  - Luchd-cleachdaidh fa-leth a' frithealadh - 15
  - 13.245 (Gàidhlig Bhunaiteach)
  - 13.281 (Srubaq – Buidheann Còmhraidh Gàidhlig)
- Pròisea
  - 13.880 (Srubaq - Buidheann Còmhraidh Gàidhlig)
- Sgìreachd
  - Luchd-cleachdaidh fa-leth a' frithealadh - 8
  - 13.277 (ULPAN Gàidhlig Ìre 1 aonadan 1-24)

Luchd-cleachdaidh fa-leth a' frithealadh Seirbheis

- Luchd-cleachdaidh fa-leth a' frithealadh gach Prìomhachas Seirbheis

*Tha feumalachd Gàidhlig ann an sanasan airson dreuchdan Bunsgoile, Àrd-sgoile agus Tràth Bhliadhnaichean.*

### **Gàidhlig taobh a-staigh an ùghdarrais ionadail:**

*Thug an surbhaidh luchd-obrach againn an àirde am fiosrachadh a leanas:*

1. *Chomharraich 46 dhen fheadhainn a rinn an surbhaidh iad fhèin mar luchd-labhairt na Gàidhlig*
2. *Chomharraich 26 dhen fheadhainn a fhreagair gur e luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a bh' annta*
3. *Chomharraich 223 gun robh ùidh aca ann a bhith a' gabhail a' chothroim uidheamachd-inneil air-loidhne Lannraig a Tuath airson na Gàidhlig a chleachdadh*
4. *Chomharraich 35 dhen fheadhainn a fhreagair an surbhaidh gum b' urrainn dhaibh Gàidhlig a leughadh agus chomharraich 26 gum b' urrainn dhaibh Gàidhlig a sgrìobhadh.*

## CAIBIDEIL 2 – PRÌOMH DHEALASAN

Anns an Stiùireadh Reachdail air Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig, tha Bòrd na Gàidhlig a' toirt am follais gur e a bhith a' cruthachadh àrainneachd cheart airson cleachdadh na Gàidhlig ann an suidheachaidhean poblach fear de na prìomh fheartan ann an ath-nuadhachadh cànan. Tha am Bòrd air ceithir prìomh raointean solarachadh seirbheis a chomharrachadh ris a bheil iad ag iarraidh buidhnean poblach dèiligeadh an uair a bhios iad ag ullachadh Phlanaichean Gàidhlig:-

*Dearbh-aithne: dearbh-aithne chorporra  
soidhnichean*

*Conaltraidhean: fàilteachas  
fòn  
post agus post-dealain  
foirmichean  
coinneamhan poblach  
modhan gearain*

*Foillseachaidhean: dàimhean poblach agus na meadhanan  
Stuthan clo-bhuailte  
làraichean-lìn  
taisbeanaidhean*

*Luchd-obrach: trèanadh  
ionnsachadh cànan  
fastadh  
sanasachd*

### **Cuir an gnìomh Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba**

Tha dealas aig bòrd na Gàidhlig gus Amasan Ro-innleachdail a tha air an stèidheachadh le Riaghaltas na h-Alba a choileanadh. Nar n-ullachadh airson ar Plana Gàidhlig tha sinn air mìneachadh ciamar a chuidicheas sinn a thaobh cur an gnìomh nan Amasan Ro-innleachdail agus comharraichidh sinn dè an fheadhainn dhe na h-amasan Ro-innleachdail a bhios air an taiceachadh le gnìomhan anns a' phlana againn. Faodaidh na h-amasan Ro-innleachdail iomchaidh a bhith air an comharrachadh a rèir gach gnìomh anns a' Phlana Gàidhlig leis an àireamh iomchaidh bhon liost gu h-ìseal:

- 1. Nas beartaiche & nas cothromaiche**
- 2. Nas glìce**
- 3. Nas fallaine**
- 4. Nas sàbhailte & nas làidire**
- 5. Nas uaine**

## 2.1 – Prìomh dhealasan corporra: Dearbh-aithne

Tha Gàidhlig air dearbh-aithne corporra agus air soidhnichean ùghdarras poblach a' cur gu mòr ri faicsinneachd na cànan, tha e ag àrdachadh a h-inbhe agus tha e a' toirt teachdaireachd làidir air an luach a thathar a' toirt dhan Ghàidhlig agus mar a gheibh i aithne. Tha Comhairle Lannraig a Tuath a' gabhail ris gu bheil e cudromach a bhith a' sgaoileadh faicsinneachd na Gàidhlig agus a bhith a' brosnachadh sealladh adhartach mun chànan.

Tha Comhairle Lannraig a Tuath ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' cruthachadh chothroman airson Gàidhlig a chleachdadh gu practaigeach ann an raon farsaing de shuidheachaidhean làitheil agus tha dealas aice àrdachadh a thoirt air an t-solarachadh anns an raon seo.

**Suidheachadh aig an àm seo:** Chan eil poileasaidh dearbh-aithne corporra Gàidhlig aig Comhairle Lannraig a Tuath aig an àm seo.

Amasan Ro- innleachdail Riaghaltas na h-Alba	Prìomh raointean leasachaidh/thargaidean	Ùine	Seirbheis Stiùiridh/Oifigear Stiùiridh
2	1. Leasaichidh sinn poileasaidh air cleachdadh na Gàidhlig anns an dearbh-aithne corporra.	Bliadhna 1	Àrd-oifigear
1	2. Cuiridh sinn an sàs dreachan dà-chànanach de chinn-litrichean, litrichean-taing msaa na comhairle agus nan seirbheisean	Bliadhna 2	Àrd-oifigear/Gach seirbheis
2	3. Cuiridh sinn an sàs loidhne fiosrachadh comhairle dà-chànanach air an làrach-lìn againn.	Bliadhna 1	Àrd-oifigear

## 2.2 – Prìomh Dhealasan Corporra: Conaltradh

Tha cleachdadh na Gàidhlig aig a' chiad àite a bhios muinntir an t-sluaigh a' dol an sàs le ùghdarrasan poblach ag àrdachadh faicsinneachd agus suidheachadh na cànan, agus tha e a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil comas agus fàilte air a' Ghàidhlig. Cho math ri bhith ag àrdachadh inbhe na cànan, tha e cuideachd a' cruthachadh chothroman practaigeach airson a cleachdadh agus tha e a' brosnachadh muinntir an t-sluaigh gus Gàidhlig a chleachdadh ann an tursan eile a bhios iad a' dèiligeadh leis an ùghdarras poblach.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an conaltradh leis an ùghdarras tron phost, post-dealain agus air am fòn cudromach ann a bhith a' cruthachadh chothroman practaigeach airson cleachdadh na cànan agus tha a' cur ris an fhaireachdainn gu bheil comas agus fàilte air a' Ghàidhlig. Bheir Gàidhlig a bhith air farsaingeachd fhoirmichean dà-chànanach agus foirmichean le Gàidhlig a-mhàin togail do dh'fhaicsinneachd agus cliù na cànan. Faodaidh a bhith ag ullachadh chruthan Gàidhlig de dh'fhoirmean, foirmean tagraidh agus sgrìobhainnean dhe leithid cuideachadh ann a bhith a' leudachadh briathrachas na Gàidhlig agus air an eòlas a tha aig luchd-labhairt na Gàidhlig air a' bhriathrachas sin, agus mar sin a' toirt taic do leasachadh na cànan fhèin.

Tha Comhairle Lannraig a Tuath ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' cruthachadh chothroman practaigeach airson cleachdadh na Gàidhlig ann an raon farsaing de shuidheachaidhean agus tha dealas aice àrdachadh a thoirt air an na thathar a' solarachadh anns an raon seo.

**Suidheachadh an-dràsta:** Tha uidheamachd-inneil air-loidhne aig Comhairle Lannraig a Tuath a tha ri fhaighinn dhan h-uile neach-obrach gus an tèid aca air sgilean bunaiteach ann an Gàidhlig a leasachadh. Bheir sinn pàipearan ann an Gàidhlig nuair a thèid an leithid iarraidh. Tha an luchd-obrach Conaltraidhean Corporra againn a' cumail cheanglaichean ris na meadhanan.

Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba	Prìomh raointean leasachaidh/thargaidean	Ùine	Seirbheis Stiùiridh/Oifigear Stiùiridh
2	1. Bheir sinn trèanadh air aithne mun Ghàidhlig do phrìomh luchd-obrach fàilteachais agus broснаichidh sinn cleachdadh abairtean fàilte cudromach, far a bheil sin freagarrach.	A' leantainn	Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan
2	2. Bheir sinn freagairtean ann an Gàidhlig do dhaoine bhon mhòr-shluagh a sgrìobhas thugainn ann an Gàidhlig.	A' leantainn	Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan

2	3. Brosnaichidh sinn cleachdadh na Gàidhlig, an dà chuid labhairteach agus sgrìobhte, le luchd-obrach a tha ag obair ann no a' cur taic ri ar solar Gàidhlig ann an Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan. Bidh puist-dealain fèin-ghluasadach agus teachdaireachdan gutha bho na roinnean sin an dà chuid ann an Gàidhlig agus ann am Beurla.	Bliadhna1	Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan
2	4. Cuiridh sinn an gnìomh dreach Gàidhlig dhe na sgrìobhainnean co-cheangailte ri inntrigeadh ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.	Bliadhna1	Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan

### 2.3 – Prìomh Dhealasan Corporra: Foillseachaidhean Adhbhar:

Faodaidh cleachdadh na Gàidhlig ann am farsaingeachd de stuthan clo-bhuailte leasachadh na Gàidhlig adhartachadh ann an iomadh dòigh. Tha e ag àrdachadh faicsinneachd na cànan, tha e ag àrdachadh inbhe na Gàidhlig le bhith ga cleachdadh air foillseachaidhean aig a bheil àrd inbhe, agus 's urrainn dha cuideachadh gus briathrachas ùr a chruthachadh agus am briathrachas a tha ann cheana a bhrosnachadh. Tha cleachdadh na Gàidhlig anns na meadhanan a' cuideachadh gus dealas an ùghdarras phoblaich airson a bhith a' toirt fiosrachaidh tro mheadhan na Gàidhlig a shealltainn, cho math ri bhith ag àrdachadh inbhe agus faicsinneachd na cànan. Mar as motha de dhaoine a gheibh fiosrachadh mun ùghdarras iondail tro làraichean-lìn, faodaidh a bhith a' toirt cothrom cleachdadh ann an Gàidhlig piseach mhòr a thoirt air inbhe agus faicsinneachd na cànan.

Tha dealas aig Comhairle Lannraig a Tuath gus barrachd Gàidhlig a chleachdadh anns na raointean seo far a bheil an cuspair nas inntinniche dhan mhòr-shluagh no far a bheil e a' buntainn gu sònraichte ri cùisean Gàidhlig.

**Cleachdadh an-dràsta:** Tha Plana Gàidhlig Comhairle Lannraig a Tuath ri fhaighinn an dà chuid ann an Gàidhlig agus ann am Beurla, rud a tha a' taisbeanadh co-ionannachd spèis dhan dà chànan.

Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba	Prìomh raointean leasachaidh/thargaidean	Ùine	Seirbheis Stiùiridh/Oifigear Stiùiridh
1	1. Leasaichidh sinn stiùiridhean airson fhoillseachaidhean a tha a' buntainn ri solarachadh na Gàidhlig agus bidh iad ann dhan h-uile seirbheis.	Bliadhna 2	Àrd-oifigear
1	2. Bidh earrannan iomchaidh de dh'aithisgean comhairle agus bileagan-naidheachd a tha a' buntainn ri solar na Gàidhlig dà-chànanach.	A' leantainn	Gach Seirbheis
1	3. Cuiridh sinn gach stuth a tha a' buntainn ri stuthan fiosrachaidh na Gàidhlig air an làrach-lìn againn.	A' leantainn	Gach Seirbheis
1	4. Nì sinn bileag ann an Gàidhlig a tha a' mìneachadh nan seirbheisean a tha a' chomhairle a' tabhann.	Bliadhna 3	Àrd-stiùiriche
1	5. Cuiridh sinn eileamaid Gàidhlig ann an taisbeanaidhean a tha air an cur air dòigh le Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan.	A' leantainn	Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan

### Prìomh Dhealasan Corporra: Luchd-obrach

Gus seirbheisean a sholarachadh tro mheadhan na Gàidhlig, feumar na sgilean obrach iomchaidh agus sgilean cànanan an luchd-obrach a leasachadh. Tha na cothroman do luchd-obrach a' chànan ionnsachadh a' brosnachadh ionnsachadh na Gàidhlig am measg inbhich agus tha e a' brosnachadh Gàidhlig mar sgil fheumail anns an àite-obrach. Tha a bhith a'

comharrachadh dhreuchdan anns a bheil Gàidhlig na sgil dhearbhte a' cur gu mòr ri inbhe na cànan agus gu bhith ga comharrachadh mar sgil adhartach airson fhaighinn.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasachd cuideachd a' cuideachadh gus aithne a thoirt gum bu chòir Gàidhlig a bhith air a cleachadh ann an saoghal poblach agus gu bheil pàirt chudromach aig luchd-labhairt na Gàidhlig ann an ùghdarras poblach. Ge brith dè an ìre de Ghàidhlig air a bheil feum, tha e cudromach gun dèan ùghdarras cinnteach gur e feumalachd obrach cheart a tha ann an Gàidhlig. Bu chòir do dh'ùghdarrasan slatan-tomhais cothromach a chleachdadh anns gach suidheachadh ann an dòigh chothromach agus chunbhalach, agus gu bheil iad a' dol a rèir nan sgilean comharraichte airson na dreuchd.

Tha Comhairle Lanraig a Tuath ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' faicinn Gàidhlig mar sgil obrach chudromach agus ann a bhith a' comharrachadh shuidheachaidhean far a bheil a cleachdadh deatamach no na mhiann. Tha Comhairle Lanraig a Tuath cuideachd ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' toirt cothrom do luchd-obrach an sgilean Gàidhlig a leasachadh ma tha iad ag iarraidh sin a dhèanamh.

<b>Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba</b>	<b>Priomh raointean leasachaidh/thargaidean</b>	<b>Ùine</b>	<b>Seirbheis Stiùiridh/Oifigeair Stiùiridh</b>
1	1. Mar phàirt dhen tairgse trèanaidh againn dhan luchd-obrach gu lèir cuiridh sinn an cuimhne luchd-obrach gach bliadhna gu bheil an t-uidheamachd-inneil Gàidhlig ri fhaighinn gus taic a chur riutha ann a bhith a' leasachadh an sgilean Gàidhlig.	A' leantainn	Seirbheisean Corporra/ Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan
2	3. Leanaidh sinn air taic a chur ris an luchd-obrach a tha an sàs ann am foghlam Gàidhlig gus an sgilean cànan a leasachadh.	A' leantainn	Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan
2	4. Cumaidh sinn fiosrachadh mu na cùrsaichean ionnsachaidh do dh'inbhich a bhith air an cur air an làrach-lìn againn.	A' leantainn	Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan
2	5. Cumaidh sinn air fios a sgaoileadh agus taic a chur ris an sgeama trèanaidh GIFT a tha a' toirt taic do thidsearan gluasad gu foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.	A' leantainn	Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan

# Caibideil 3 – BUaidh POILEASaidh AIRSON Gàidhlig: cuir an gnìomh Plana Nàiseanta na Gàidhlig

## Buaidh poileasaidh airson Gàidhlig

Tha **Comhairle Lannraig a Tuath** ag aithneachadh gum bi an t-iomadh raon prìomhachais a tha air an comharrachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig air an cur an sàs anns a' chiad dol a-mach tron Phlana Gàidhlig againn ach gun èirich cothroman gus a' chànan a bhrosnachadh agus a leasachadh tro phoileasaidhean a tha ann a cheana. Coimheadaidh **Comhairle Lannraig a Tuath** air na dealasan poileasaidh a tha aca an-dràsta gus coimhead air na raointean far am faod Gàidhlig a bhith air a ghabhail a-steach agus far an urrainn na prìomhachasan aig a' Phlana Cànain Nàiseanta a bhith air an tòiseachadh tro mhodhan eile. Tha sinn a' faicinn an leasachaidh seo mar rud a tha a' cur ri prionnsabal àbhaisteachadh a tha ag amas air Gàidhlig a chur mar phàirt den bheatha làitheil ann an Alba.

Ann an cruthachadh, ùrachadh agus sgrùdadh phoileasaidhean, nì **Comhairle Lannraig a Tuath** cinnteach gum bi a' bhuidh air Gàidhlig a' dol a rèir Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

## Sealladh farsaing air Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig

Tha Plana Cànain Nàiseanta na Gàidhlig a' comharrachadh ceithir raointean plànadh cànain eadar-cheangalaichte ris am feumar dèiligeadh, agus taobh a-staigh nam feadhainn sin tha iomadh gnìomh prìomhachais air a bhith air an comharrachadh:

### 1. Togail Cànain

Ag àrdachadh àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig le bhith a' dèanamh cinnteach gum bi Gàidhlig air a toirt seachad taobh a-staigh theaghlaichean agus le bhith a' dèanamh cinnteach gum bi cothroman iomchaidh air an daingneachadh airson Gàidhlig ionnsachadh, tro a bhith:

- ag àrdachadh cleachdadh agus toirt seachad na Gàidhlig anns an dachaigh
- ag àrdachadh àireamhan cloinne a bhios ag ionnsachadh Gàidhlig san sgoil
- ag àrdachadh àireamhan agus ruigsinneachd Foghlam Tro Mheadhan na Gàidhlig
- ag àrdachadh àireamhan inbhich a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig gu fileantas

### 2. Cleachdadh cànain

A' brosnachadh barrachd cleachdadh na Gàidhlig, a' toirt chothroman gus Gàidhlig a chleachdadh agus barrachd chothroman inntigidh modhan mìneachaidh na Gàidhlig tro bhith:

- ag àrdachadh cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan
- ag àrdachadh cleachdadh na Gàidhlig ann am foghlam an dèidh ìre sgoile agus ann an àiteachan obrach
- ag àrdachadh Gàidhlig anns na meadhanan
- ag àrdachadh brosnachadh na Gàidhlig anns na h-ealain



### 3. Inbhe Cànain

Ag àrdachadh faicsinneachd agus èisteachd na Gàidhlig, a' brosnachadh aithne agus agus a bhith a' cruthachadh deagh ìomhaigh airson na Gàidhlig ann am beatha phoblach na h-Alba tro bhith:

- ag àrdachadh àireamhan bhuidhnean a bhios a' dèanamh Phlanaichean Gàidhlig
- ag àrdachadh inbhe agus cliù na Gàidhlig
- ag àrdachadh faicsinneachd agus aithne na Gàidhlig

### 4. Corpas Cànain

A' neartachadh iomchaidheachd agus cunbhalachd na Gàidhlig le bhith a' brosnachadh rannsachadh anns a' chànain, tro bhith:

- ag àrdachadh iomchaidheachd agus cunbhalachd na Gàidhlig
- ag àrdachadh ìrean agus ruigsinneachd eadar-theangachaidhean Gàidhlig
- ag àrdachadh fiosrachadh rannsachaidh ceart a tha ri fhaighinn

## Dealas air Amasan Plàna Cànain Nàiseanta na Gàidhlig

Tha dealas aig Comhairle Lannraig a Tuath gus dèanamh cinnteach gum bi am Plana Nàiseanta air a chur an gnìomh, agus anns an earrainn seo tha sinn a' mìneachadh mar a choileanas sinn an t-amas sin.

### 1. Togail Cànain

#### Adhbhar:

Tha Comhairle Lannraig a Tuath ag aithneachadh gu bheil seasmhachd dhan Ghàidhlig anns an àm ri teachd a' cur feum air barrachd dhaoine a bhith ag ionnsachadh na cànain agus gu bheil feum air aire a dhol air an dachaigh, foghlam agus ionnsachadh inbhich mar na prìomh dhòighean air seo a choileanadh. Gabhaidh sinn na ceumannan a leanas gus àrainneachd thaiceil airson àrdachadh a thoirt air àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba.

- Gàidhlig anns an Dachaigh

Tha rannsachadh air a thoirt am follais gu bheil toirt seachad cànain bho ghinealach gu ginealach deatamach airson a bhith a' cumail agus ag àrdachadh luchd-labhairt na cànain. Ann an suidheachadh na Gàidhlig, cha bhì a' chuid as motha dhe na sgoilearan idir a' fuireach ann an taighean far a bheil Gàidhlig air a bruidhinn agus mar sin, tha e deatamach taic a thoirt do theaghlaichean gus an urrainn dhan chànan a bhith air a cleachdadh anns an dachaigh agus gu bheil pàrantan a' toirt taic do dh'ionnsachadh an cuid chloinne. Bidh a' Chomhairle a' sireadh taic compàirteachais bho phrìomh bhuidhnean nàiseanta Gàidhlig anns an iomairt seo.

**Cleachdadh an-dràsta:** Bidh sinn ag àrdachadh aire phàrantan anns na sgoiltean-àraich agus na sgoiltean Gàidhlig againn mu cho cudromach 's a tha cleachdadh na Gàidhlig anns an dachaigh agus

mar as urrainn dhaibh taic a chur ri ionnsachadh. Bidh sinn a' toirt chlasaichean ionnsachaidh cànan thar an ùghdarras agus bidh sinn a' brosnachadh phàrantan a dhol an sàs annta

Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba	Prìomh raointean leasachaidh/thargaidean	Ùine	Seirbheis Stiùiridh/Oifigear Stiùiridh
1	1. Leanaidh ar sgoiltean agus sgoiltean-àraich air conaltradh ri pàrantan air an taic a tha ri fhaotainn aig an àm seo gus am brosnachadh gus a dhol an sàs ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus gus leasachaidhean iomchaidh sam bith a dhèanamh.	A' leantainn	Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan
5	2. Leanaidh sinn air clàradh a dhèanamh air sgoilearan a bhios a' clàrachadh airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig agus nì sinn sgrùdadh air an adhartas tron t-siostam foghlaim le bhith a' cleachdadh an t-siostam rianachd 'SEEMIS Click and Go'.	A' leantainn	Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan
2	3. Nì sinn cinnteach gum bi fios air a thoirt do phàrantan air na clasaichean taic a tha air an cur air dòigh le Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd agus brosnachaidh sinn daoine a dhol chun nan clasaichean.	A' leantainn	Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan
1	4. Cuiridh sinn eileamaid Ghàidhlig ann am Fèis Ionnsachaidh Lannraig a Tuath agus cumaidh sgoiltean agus	A' leantainn	Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan

	sgoiltean-àraich air coinneamhan foirmeil a chur air dòigh do phàrantan FtMG.		
--	--	--	--

## Tràth Bhliadhnaichean

**Current practice:** Tha a' Chomhairle a' toirt foghlam Gàidhlig sna tràth-bhliadhnaichean aig soil-àraich Chondorrait (27) agus clas sgoil-àraich Chnoc na Cise (13) agus thathar a' cur taic ri buidheann pàrant is pàiste ann an Àrd Rìgh.

Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba	Prìomh raointean leasachaidh/thargaidean	Ùine	Seirbheis Stiùiridh/Oifigear Stiùiridh
	1. Leanaidh sinn air àrdachadh a thoirt air aithne agus ùidh a mheasadh ann an solar foghlam tro mheadhan na Gàidhlig sna tràth bhliadhnaichean thar raon na comhairle.	A' leantainn	Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan

## Foghlam sgoile

**Cleachdadh an-dràsta:** Tha Comhairle Lannraig a Tuath a' toirt foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ann am Bunsgoil Chondorrait, Comar nan Allt. Tha foghlam Gàidhlig san àrd-sgoil air a lìbhrigeadh aig an àrd-sgoil cheangailte, Àrd Sgoil Greenfaulds. Tha an solarachadh bunsgoile air leudachadh gu mòr bliadhna an dèidh bliadhna, rud a tha a' sealltainn an taic làidir bhon chomhairle, na cothroman air taic tabhartais agus iarrtas mòr bho phàrantan. Tha làn chlas a' tòiseachadh gach bliadhna. Ann an seisean 2014-15 bha 159 sgoilear clàraichte. Tha Àrd-Sgoil Greenfaulds aig ìre nas tràithe na cuid leasachaidh agus aig an àm seo tha 68 sgoilear a' dèanamh chùrsaichean Gàidhlig. Tha 6 cuspairean air an tabhann tro mheadhan na Gàidhlig. Ann an seisean 2010-11 chaidh dreuchd prìomh thidsear a stèidheachadh ann an Greenfaulds gus gnìomhan Gàidhlig anns an sgoil a chòrdanachadh agus gus leasachaidhean Gàidhlig anns an ùghdarras a leasachadh. Tha an dà sgoil a' tabhann farsaingeachd mhòr de thahartasan ciùil, spòrs agus cultarail dha na sgoilearan foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Tha an sgeama Gàidhlig anns a' Bhunsgoil (GLPS) air a dhèanamh ann an iomadach sgoil agus tha àiteachan trèanaidh do luchd-obrach air an tabhann gach bliadhna. Bidh oifigear leasachadh càileachd a' co-òrdanachadh an sgeama aig ìre thar-ùghdarras.

Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba	Prìomh raointean leasachaidh/thargaidean	Ùine	Seirbheis Stiùiridh/Oifigear Stiùiridh
2			

	<p>1. Thar ùine a' phlana leanaidh sinn air na poileasaidhean agus na modhan againn ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a sgrùdadh, a' gabhail beachd air leasachaidhean curraicealaim nàiseanta, aithisgean HMle agus comhairle bho bhuidheann stiùiridh a' Bhùird (NGESG) agus nì sinn atharrachaidhean iomchaidh.</p> <p>Bidh aire shònraichte air a toirt dha na leanas:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li>• modhan bogaidh</li> <li>• ullachaidhean gluasaid</li> <li>• adhartas curraicealaim</li> <li>• leasachadh curraicealam àrd-sgoile</li> <li>• taic leasachadh càileachd</li> </ul>	A' leantainn	Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan
1	<p>2. Leanaidh na sgoiltean againn air beachdan phàrantan air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig a sgrùdadh.</p>	A' leantainn	Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan
1	<p>3. Leanaidh sinn air sgrùdadh a dhèanamh air na cothroman airson leudachadh a thoirt air solarachadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.</p>	A' leantainn	Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan
1	<p>4. Leanaidh sinn air leudachadh a thoirt air solar foghlam Gàidhlig àrd-sgoile aig Àrd-sgoil Greenfaulds, a' gabhail beachd air ùidh nan sgoilearan agus na tha ri fhaighinn de luchd-obrach agus de</p>	A' leantainn	Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan

	ghoireasan.		
2	5. Nì sinn barrachd brosnachaidh air an sgeama GLPS, a' gabhail beachd gu sònraichte air buaidh agus cothroman adhartachaidh nan sgoilearan.	A' leantainn	Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan
2	6. Nì sinn barrachd leasachaidh air cothroman leasachadh proifeiseanta fad beatha-obrach (CLPL) do luchd-obrach foghlam tro mheadhan na Gàidhlig, a' gabhail beachd air solarachadh de leithid aig ìre nàiseanta.	A' leantainn	Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan
2	7. Cuiridh sinn barrachd taic ri cleachdadh ghoireasan air-loidhne, nam measg sin GLOW agus Scholar, gus taic a chur ri CLPL agus cothroman ionnsachaidh do luchd-obrach agus do sgoilearan.	A' leantainn	Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan
1	8. Aig àmanna clàraidh cuirear fiosrachadh chun a' h-uile ceannard-sgoile agus ceannard-ionaid mun dleastanas a th' orra dèanamh cinnteach gum bi fiosrachadh air a thoirt dhan h-uile pàrant gu bheil foghlam tro mheadhan na Gàidhlig ri fhaighinn.	A' leantainn	Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan

- Gàidhlig ann an Ionsachadh Inbheach

### Cleachdadh an-dràsta:

Tha sinn air leth mothachail gu bheil ath-bheòthachadh na Gàidhlig an urra ri daoine a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig ann an raointean nas fharsaingeach de bheatha làitheil. Mar sin, tha dealas againn na cothroman sin a thoirt anns an àite-obrach agus anns a' choimhearsnachd. Tha a' Chomhairle ag obair le Fòram Gàidhlig Lannraig a Tuath air a' phròiseact gus stèidh choimhearsnachd Gàidhlig a chruthachadh anns an sgìre.

Tha farsaingeachd cothroman ann a cheana airson cleachdadh na Gàidhlig anns an ùghdarras, a' chuid as motha dhiubh tron earrainn ionnsachadh agus leasachadh choimhearsnachd (CLD) againn anns an t-seirbheis ionnsachaidh agus leasachaidh. Tha iad sin a' gabhail a-steach buidhnean òigridh, buidhnean ionnsachaidh teaghlaich, sgeamaichean cluich shaor-làithean, clasaichean agus gnìomhan cultarail, iomain, tachartasan còmhnaidh teaghlaich agus ceanglaichean eadar-nàiseanta. Tha na gnìomhan seo uile a' cluich pàirt chudromach ann a bhith ag àrdachadh aithne agus a bhith a' brosnachadh inbhe na cànan thar choimhearsnachd Lannraig a Tuath.

Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba	Prìomh raointean leasachaidh/thargaidean	Ùine	Seirbheis Stiùiridh/Oifigear Stiùiridh
1	1. Nì sinn sgrùdadh air an fharsaingeachd de gnìomhan CLD a tha air an tabhainn thar an ùghdarrais.	A' leantainn	Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan
1/2	2. Leanaidh sinn air na cothroman do sgoilearan Gàidhlig a dhol an sàs ann an cothroman foghlaim, gnìomhan cultarail agus spòrs, fo bhratach an dà chuid CLD na sgoile, Culture NL and NL Leisure a dhaingneachadh agus a leudachadh.	A' leantainn	Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan
1/2	3. Daingnichidh sinn na tha de chlasaichean Gàidhlig air an solarachadh aig an àm seo do dh'inbhich agus bheir sinn leudachadh air na tha sinn an tabhainn ma tha iarrtas airson a leithid air a chomharrachadh.	A' leantainn	Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan

1/2	4. Leanaidh sinn air tachartas dhuaisean le CLD do dh'inbhich a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil fios air a sgaoileadh anns na meadhanan ionadail agus ann am bileagan-naidheachd na comhairle.	A' leantainn	Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan
1/2	5. Nì sinn barrachd leasachaidh air càileachd eòlas ionnsachaidh nan inbheach le bhith a' toirt cùrsa trèanaidh gach bliadhna do dh'oidean, ag àrdachadh farsaingeachd ghoireasan agus le bhith a' leudachadh intrigeadh do stuthan air-loidhne.	A' leantainn	Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan
1/2	6. Bheir sinn piseach air an aithne mun t-solar CLD Gàidhlig, a' gabhail a-steach ionnsachadh inbheach, gnìomhan ciùil, cultair agus spòrs le bhith a' cur fiosrachadh ann an togalaichean coimhearsnachd agus air làraichean-lìn na comhairle.	A' leantainn	Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan
1/2	7. Bheir sinn brosnachadh agus taic do sgeama teaghlaich aig Sabhal Mòr Ostaig airson teaghlaichean Gàidhlig.	A' leantainn	Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan
1/2	8. Nì sinn sgrùdadh foirmeil air na gnìomhan coimhearsnachd	Bliadhna 2	Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan



	Gàidhlig againn, a' cleachdadh teamplaid HMle "How good is our CLD".		
1/2	9. Cuiridh sinn litreachas na Gàidhlig anns an fhèis leabhraichean bhliadhnail againn agus anns na tagraichean nar co-fharpais sgoile airson latha bàrdachd.	A' leantainn	Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan
2/1	10. Thairis air ùine a' phlana obraichidh sinn le ar buidhnean compàirteachais gus taic a chur ris an Fhèis bhliadhnail.	A' leantainn	Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan
1	11. Nì sinn sgrùdadh air an t-solar a th' ann airson Gàidhlig agus Ceiltis anns na leabharlannan agus na taighean-tasgaidh againn, bheir sinn piseach air na stuthan far an gabh sin cothrom a thoirt air rannsachadh air-loidhne airson nan stuthan.	A' leantainn	Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan
1	12. Neartaichidh sinn na ceanglaichean againn le ùghdarrasan Gàidhlig agus compàirtichean ann an Èirinn. Stèidhichidh sinn ceangal nas làidire le buidheann anns an Roinn Eòrpa agus buidhnean coimhearsnachd ann an Alba Nuadh.	A' leantainn	Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan

## 2. Cleachdadh Cànan

### Adhbhar:

Tha Comhairle Lannraig a Tuath ag aithneachadh gu bheil a bhith a' cruthachadh seasmhachd dhan Ghàidhlig anns an àm ri teachd a' cur feum air, chan ann a-mhàin a bhith ag àrdachadh an àireamh de dhaoine a tha a' bruidhinn a' chànain, ach a bhith ag àrdachadh cleachdadh na Gàidhlig. Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' leigeil le barrachd dhaoine Gàidhlig a bhruidhinn mar an dòigh àbhaisteach agus a bu mhiann leotha nan conaltraidhean ann an raon farsaing de ghnìomhan làitheil.

- Gàidhlig anns na h-Ealain  
Àrdaichidh a' Chomhairle aithne mu chultar na Gàidhlig agus brosnachaidh i barrachd pàirteachais anns na h-ealain Ghàidhlig le bhith:-
- - A' cur taic agus a' maoineachadh buidhnean coimhearsnachd Gàidhlig tro Thabhartasan Cultarail Comhairle Lannraig a Tuath
- Agus Thabhartasan Coimhearsnachd Comhairle Lannraig a Tuath
- - A' cur ri leasachadh ro-inleachd nàiseanta airson cultar na Gàidhlig a bhios air a stiùireadh le Bòrd na Gàidhlig mar 'Phròiseact Compàirteachais'
- - A' cur taic ri leasachadh fhèisean leithid Fèis an Lùnastail, deireadh-seachdainean cultarail agus tachartasan eile co-cheangailte ri Gàidhlig m.e. Iomlaid Teaghlaich le Èirinn a Tuath.
- - A' cur taic ri buidhnean a bhios a' libhrigeadh nan tachartasan seo m.e. Fòram, Fèis, Cearcall
- - A' brosnachadh aithne mu litreachas na Gàidhlig tro sheirbheis Leabharlann agus ag àrdachadh ruigsinneachd leabhraichean Gàidhlig agus stuthan co-cheangailte.
- - A' brosnachadh pròiseactan eadar-bhuidhneil ag amas air a bhith a' leasachadh nan ealain agus cultar na Gàidhlig tron CLD
- Buidheann Sgrùdaidh m.e. Pròiseact dràma, dealbh-chluich ann an latha, Tachartas Cleachdadh as Fheàrr, Fèis Ealain Òigridh.

## 3. Inbhe Cànan

Tha Comhairle Lannraig a Tuath ag aithneachadh gu bheil buaidh aig a suidheachadh anns an àrainneachd làitheil agus an ìre gu bheil i air a cleachdadh air inbhe agus luach na cànan agus air a luachadh leis na buidhean sin a tha a' cluich pàirt chudromach nar beatha làitheil.

## 4. Corpas Cànan

### Adhbhar:

Tha Comhairle Lannraig a Tuath ag aithneachadh gu bheil feum iomchaidheachd agus coileantachd na Gàidhlig a neartachadh, air cho cudromach 's a tha a' bhith a' tabhann sheirbheisean eadar-theangachaidh agus a bhith a' brosnachadh rannsachadh anns a' chànain.

**Cleachdadh an-dràsta:** Bidh luchd-obrach le Gàidhlig ann an Condorrait agus ann an Greenfaulds a' dèanamh eadar-theangachaidhean de litrichean agus sgrìobhainnean beaga far a bheil sin a dhìth. Airson sgrìobhainnean nas motha bidh sinn a' fastadh eadar-theangair.

<b>Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba</b>	<b>Prìomh raointean leasachaidh/thargaidean</b>	<b>Ùine</b>	<b>Seirbheis Stiùiridh/Oifigear Stiùiridh</b>
1	1. Cuiridh sinn taic ri rannsachadh air freumhan Gàidhlig ainmean-àite ann an Lannraig a Tuath agus air leasachadh liosta le ùghdarras de dh'ainmean san sgìre. Nì sinn ceanglaichean leis a' chompàirteachas nàiseanta Ainmean-Aite na h-Alba (AAA).	A' leantainn	Seirbheisean Àrrainneachd
1	2. Cuiridh sinn air dòigh gum bi goireas eadar-theangachaidh ann a bhios a' cur feum air eòlas luchd-obrach foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.	A' leantainn	Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan

# CAIBIDEIL 4 – CUIR AN GNÌOMH AGUS SGRÙDADH

## Clàr-ùine

Bidh am Plana Gàidhlig seo an gnìomh gu foirmeil airson 5 bliadhna bhon cheann-latha seo no gus an tèid plana ùr a chur na àite. Ann an Caibideil 2 – *Prìomh Dhealasan* agus Caibideil 3 – *Buaidh Poileasaidh na Gàidhlig*, tha sinn air cinn-latha a chomharrachadh airson nan dealasan sònraichte a bhith air an coileanadh.

## A' Foillseachadh a' Phlana

Bidh Plana Gàidhlig Comhairle Lannraig a Tuath air fhoillseachadh gu dà-chànanach air an làrach-lìn aig Comhairle Lannraig a Tuath.Cuideachd, thèid na leanas a dhèanamh:

- brath-naidheachd a sgaoileadh a' comharrachadh a' phlana;
- fios mun phlana a thoirt do luchd-obrach tro Iontra-lìon Chomhairle Lannraig a Tuath;
- leth-bhreacan dealanach dhen phlana a thoirt do Bhuidhnean Poblach Neo-roinneil agus do bhuidhnean, àidseantan agus luchd-solair;
- leth-bhreacan dealanach dhen phlana a thoirt do bhuidhnean Gàidhlig;
- leth-bhreacan dhen phlana a thoirt do bhuidhnean aig am bi ùidh ann; agus
- leth-bhreacan a thoirt an uair a thèid an iarraidh.

## Modhan Rianachd airson Cur an Gnìomh a' Phlana Gàidhlig

'S e am plana seo am poileasaidh aig Comhairle Lannraig a Tuath agus tha e an dèidh a bhith air gabhail ris an dà chuid leis an àrd sgioba stiùiridh agus le buill na comhairle.

Aig a' cheann thall, bidh e an urra ris an Àrd-Oifigear dèanamh cinnteach gun coilean Comhairle Lannraig a Tuath na dealasan a tha air am mìneachadh anns a' Phlana seo.

*Nì am Buidheann Obrach Corporra air a' Phlana Gàidhlig sgrùdadh air an adhartas agus cumaidh iad fios ris an luchd-obrach gu lèir thar gach seirbheis air a' Phlana Gàidhlig.*

## Ag innse do bhuidhnean eile mun Phlana

Coileanaidh Comhairle Lannraig a Tuath na goireasan a tha a dhìth airson a' phlana bho na buidseatan a tha ann an-dràsta agus bho thabhartas maoin eachaidh sònraichte Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba. Thèid tagraidhean a dhèanamh ri Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig (GLAIF) aig Bòrd na Gàidhlig, far a bheil sin iomchaidh.

## **A' Sgrùdadh Cur an Gníomh a' Phlana**

- cuiridh am buidheann obrach aithsigean adhartais gus sgioba stiùiridh corporra na comhairle agus gu comataidh poileasaidh agus goireasan na comhairle.
- Tha oifigearan bho thaobh a-staigh na seirbheis agus prìomh chom-pàirtich an sàs ann am Buidheann Gàidhlig LLS.
- bidh fianais bho shurbhaidhean, cheisteachain, sgrùdaidhean bhon taobh a-muigh msaa air an cleachdadh gus adhartas a mheasadh.
- Bidh aithisg coileanaidh air a chur gu BnG a h-uile bliadhna.

## **Cuir fios gu**

'S i an t-àrd-oifigear le dleastanas gnìomhail airson Plana Gàidhlig Chomhairle Lannraig a Tuath ullachadh, a lìbhrigeadh agus a sgrùdadh:

Isabelle Boyd  
Ceannard Seirbheis: Ìrean agus In-ghabhaltas  
Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan  
Togalaichean na Comhairle  
Sràid Chill Donain  
Coatbridge ML5 3BT

Fòn 01236 812279

Post-d [boydisab@northlan.gov.uk](mailto:boydisab@northlan.gov.uk)

Bu chòir do cheistean mu ghnìomhan a' phlana bho latha gu latha a bhith air an cur gu:

Robert Dalzell  
Oifigear Leasachadh càileachd  
Seirbheisean Ionnsachaidh agus Chur-seachadan  
Togalaichean na Comhairle  
Sràid Chill Donain  
Coatbridge ML5 3BT

Fòn 01236 812226

Post-d [dalzellr@northlan.gov.uk](mailto:dalzellr@northlan.gov.uk)

# EARR-RÀDH 1

Briathrachan agus Giorrachaidhean (mar as iomchaidh)

Abairt	Giorrachadh	Notaichean
Ionnsachadh agus Leasachadh Coimhearsnachd	CLD	Seirbheisean Lannraig a Tuath, pàirt de Ionnsachadh agus Cur-seachadan
Bòrd na Gàidhlig	BnG	Buidheann reachdail nàiseanta airson na Gàidhlig
Comunn nam Parant	CnP	Buidheann phàrantan Gàidhlig
Ionnsachadh Proifeiseanta Fad Beatha-obrach	CLPL	Trèanadh in-sheirbheis
Plànadh corpais		Leasachadh air a phlànadh de bhriathrachas agus stiùireadh air litreachadh agus gràmar
Fèisean		Fèisean teagasg ealain Ghàidhlig
Fèisean nan Gàidheal	FNG	Fèisean nàiseanta – buidheann taic
Maoin buileachaidh Achd na Gàidhlig	GLAIF	Maoineachadh, mar as trice air sgèile a bhios a' lùghdachadh thar 3 bliadhna, air a thoirt le bòrd na Gàidhlig gus leigeil le ùghdarrasan am planaichean Gàidhlig a chur an gnìomh.
Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig anns a' Bhunsgoil	GLPS	Prògram nàiseanta gus taic a chur ri teagasg Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh anns na bliadhnaichean as àirde dhen bhunsgoil, agus tha e stèidhte air MLPS
Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig	FTMG	
Gàidhlig Air-loidhne		Seirbheis taic Gàidhlig air-loidhne, làrach-lìn a tha gu sònraichte ann an Gàidhlig gus taic agus comhairle a thoirt ann an Gàidhlig air leasachaidhean foghlaim Gaelic Online support service, a website specifically in Gaelic to support and advise on educational developments
GLOW		Iontra-lion sgoiltean nàiseanta
Foghlam bogaidh		Foghlam anns am bi sgoilearan ag ionnsachadh cànan le bhith ga cleachdadh
Buidheann Sgrùdaidh Nàiseanta	MRG	Buidheann eadar-ùghdarras air Foghlam Gàidhlig
Buidheann Stiùiridh Nàiseanta air Foghlam Gàidhlig	NGESG	Buidheann comhairleachaidh nàiseanta air Foghlam Gàidhlig a tha air a stiùireadh le bòrd na Gàidhlig
Ughdarras Theiseantas na h-Alba	SQA	
Stòrlann Nàisanta na Gàidhlig	Storlann	Seirbheis nàiseanta Gàidhlig gus goireasan a chruthachadh

### Foirm fios air ais

Toadh leat airson an ùine a ghabhail gus an dreach Plana Gàidhlig againn a leughadh. Tha sinn an dòchas gun robh e inntinneach dhut. Bu mhath leinn faighinn a-mach dè do bheachd air. Lion am foirm goirid seo agus cuir air ais thugainn e.

#### Q1. A bheil thu a' freagairt mar .....

(Cuir comharra an cois am prìomh roghainn ris a bheil thu a' buntain)

- neach a tha a' fuireach ann an Lannraig a Tuath?
  - neach a tha a' fuireach ann an sgìre comhairle ri làimh sealbhaiche gnothachais?
  - neach-obrach Comhairle Lannraig a Tuath?
  - Sgoilear ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig?
  - Pàrant sgoilear ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig?
  - Oileanach a tha ag ionnsachadh Gàidhlig?
  - Inbheach a tha ag ionnsachadh Gàidhlig?
  - Tidsear /òraidiche ann an Gàidhlig?
  - Eile?
- Mas e 'Eile' thoir barrachd fiosrachaidh: \_\_\_\_\_

#### Q2. Cò am fear as fheàrr a riochdaicheas do chomasan ann an Gàidhlig?

(Cuir comharra an cois am prìomh roghainn ris a bheil thu a' buntain)

- Beagan comais
- No ability at all
- Comasach Gàidhlig a bhruidhinn
- Comasach Gàidhlig air a leughadh
- Comasach air Gàidhlig a sgrìobhadh
- air Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh agus a sgrìobhadh
- Eile?

: Mas e 'Eile' thoir barrachd fiosrachaidh: \_\_\_\_\_

#### Q3. Dè an ìre dha bheil no mach eil thu ag aontachadh leis na leanas co-cheangailte ris a' Phlana againn?

	Ag aontachadh gu mòr	Buailteach aontachadh	Chan eil mi ag aontachadh no ag aontachadh	Buailteach gun aontachadh	Gu mòr an aghaidh seo	Cahn eil fhios agam
Tha e cudromach gum bi a'	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>

chomhairle a' brosnachadh Gàidhlig						
Tha am Plana furasta a leughadh	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
Tha am Plana air a dheagh thaisbeanadh	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
Tha am Plana a' riochdachadh nam prìomhachasan cearta airson Gàidhlig ann an Lannraig a Tuath	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
Tha am Plana a' dèanamh follaiseach prìomhachasan na Comhairle a thathar a' cur air adhart	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
Tha am Plana a' buntainn ris na rudan anns a bheil ùidh agam	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>

**Q4. Dè na pàirtean, ma bha gin idir, dhen Phlana againn a bha feumail dhut?**

---



---



---

**Q5. Dè na pàirtean, ma bha gin idir, dhen Phlana againn nach robh feumail dhut?**

---



---



---



**Q6. A bheil molaidhean sam bith agad dhuinn air mar a dh'fhaodamaid am plana a leasachadh?**

---

---

---

**Q7. A bheil beachdan sam bith eile agad air a' Phlana againn?**

---

---

---

**Sgrùdadh cothroman co-ionannachd**

Gnè  Fireann  Boireann

Aois  Fo 16  16 gu 24  25 gu 34  35 gu 49  50 gu 59  60 gu 74  75+

**A bheil bochdainn fad-ùine ort, duilgheadas slàinte euke no ciorramachd a tha a' cur bacadh air do chuid obrach no air an t-seòrsa obair as urrainn dhut dèanamh?**

Yes  No

**Ciamar a chomharraicheadh tu do chùl-fhosrachaidh cultarail no cinneachail**

(Cuir comharra air aon bhogsa a-mhàin)

**Geal**

Albannach

IÈireannach

Breatannach eile

Cùl-fhiosrachd geal sam bith eile

**Measgaichte**

Measgachadh sam bith

**Àisianach, Àisianaich Albannach  
No àisianaich bhreantannach**

Innseanach

Bangladeiseach

Pagastanach

Sionach

**Dubh, Albannach Dubh  
no Breatannach Dubh**

Caribeach

Afraganach

Cùl-fhosrachaidh dubh sam bith eile

Cùl-fhosrachaidh sam bith eile

Cùl-fhiosrachadh Àiseanach sam bith eile

**Tapadh leat airson an ùine a ghabhail gus am foirm seo a lìonadh.**

Cuir am foirm seo air post-dealain gu:

**llsgaelicplan@northlan.gov.uk**